

Cuspair Clàir-ghnothaich	8
Àir. Aithisge	G/3/21

## COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

**Comataidh:** Comataidh na Gàidhlig

**Ceann-latha:** 23 Gearran 2021

**Tìotal Aithisge:** Fèis Blas 2020

**Aithisg le:** Àrd-Oifigear Gnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas

### 1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 'S e adhbhar na h-aithisg fios a thoirt do Bhuill mu na leanas:

- a) cùl-fhiosrachadh mu Fhèis Blas a tha a' gabhail àite gach bliadhna ann an grunn àiteachan air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean (Na h-Eileanan A-Staigh);
- b) prògram agus toraidhean Fèis Blas air-loidhne 2020.

### 2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- (i) beachdachadh air an aithisg;
- (ii) toirt fa-near dhan obair a rinneadh gus an fhèis a ghluasad gu àrd-ùrlaran air-loidhne am-bliadhna; agus
- (iii) Fèisean nan Gàidheal a mholadh airson fèis 2020 a libhrigeadh gu soirbheachail.

### 3. Seaghan

3.1 Goireas: Am-bliadhna, fhuair Fèisean nan Gàidheal £62,869 bho bhuidseat nan Tabhartasan fo Ùghdarras a tha air a chumail taobh a-staigh buidseat Gàidhlig na Comhairle airson Blas agus chan eil dùil ri atharrachadh sam bith san ath bhliadhna ionmhasail. A bharrachd air maoinachadh tabhartais, tha a' Chomhairle a' cur taic ri Fèisean nan Gàidheal ann a bhith ag àrdachadh inbhe Blas.

Laghail: 'S e cuspair ro-innleachdail a th' ann an Gàidhlig agus na h-Ealain, Cultar agus Dualchas ann am Plana Gàidhlig 3 na Comhairle.

3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean): Tha tachartasan Fèis Blas a' gabhail àite ann an coimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean (Na h-Eileanan A-Staigh ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd).

- 3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach: Air sgàth bhacaidhean ri linn Covid-19, chaidh Fèis Blas 2020 a ghluasad gu àrd-ùrlar air-loidhne agus bha luchd-amhairc a' coimhead nan tachartasan bhon taigh. Bha an luchd-ealain is na cleasaichean a' cluiche bho an dachannan no bho an stiùidiothan fhèin. Tha seo a' ciallachadh nach robh uimhir de shiubhal ann agus tha deagh bhuaidh aig a seo a thaobh atharrachadh gnàth-shìde.
- 3.5 Cunnart: Chan eil cunnartan sam bith a' tighinn am bàrr bhon aithisg seo.
- 3.6 Gàidhlig: Tha Fèis Blas a' togail deagh ìomhaigh a thaobh na Gàidhlig agus a cultar co-cheangailte. Thathar a' cleachdadh na Gàidhlig aig tachartasan. Tha luchd-ealain is luchd-eagrachaidh a' labhairt is a' cluinntinn na Gàidhlig aig gach tachartas Blas. Tha luchd-èisteachd a' cluinntinn a' chànain ann an aitreabhan ann an coimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd. Tha Blas a' libhrigeadh mu choinneamh phrìomh thaisbeanairan coileanaidh ann am Plana na Gàidhlig 3.

#### **4. Cùl-fhiosrachadh – Fèis Blas**

- 4.1 Chaidh Fèis Blas a stèidheachadh bho chionn 16 bliadhna, às dèidh do Bhuill Taghte agus Oifigearan tadhal air Fèis Celtic Colors ann an Ceap Breatainn, Alba Nuadh. Tha Fèis Blas stèidhichte air modail an tachartais sin.

Tha Fèis Blas air a libhrigeadh tro Aonta Seirbheis eadar Comhairle na Gàidhealtachd agus Fèisean nan Gàidheal. Dh'aontaich Fèisean nan Gàidheal an fhèis a ruith às leth Chomhairle na Gàidhealtachd ann an 2004.

Chaidh na còig amasan a leanas aontachadh:

- Ceòl traidiseanta Gàidhealach a chomharrachadh is a neartachadh agus a' Ghàidhlig a bhrosnachadh;
- Coimhearsnachdan a chom-pàirteachadh mar chom-pàirtichean gnìomhach, agus luchd-èisteachd ùr fhàs;
- Daoine òga às a' Ghàidhealtachd a chom-pàirteachadh;
- Tachartas eadar-nàiseanta a thogail agus luchd-ealain tadhal a thoirt às Alba Nuadh, ged nach ann às a sin a-mhàin;
- Prògram innleachdach agus tarraingeach a thogail.

#### **5. Fèis Blas – Structar**

- 5.1 'S e companaidh a th' ann am Fèis Blas Eta a tha gu tur fo shealbh Fhèisean nan Gàidheal. 'S e comataidh obrachail a th' ann an Comataidh Prògramachaidh Fèis Blas. 'S e raon-ùghdarrais na comataidh a bhith a' beachdachadh air is ag aontachadh choimiseanan agus a' planadh Prògram Fèis Blas.

#### **6. Fèis Blas 2020**

- 6.1 Tha Fèis Blas a' cuideachadh Chomhairle na Gàidhealtachd gus builean ann am Plana Gàidhlig 3 na Comhairle a libhrigeadh taobh a-staigh nan Geallaidhean Ro-innleachdail a leanas:

- 2.1 Gun toirear cothroman seachad gus cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd a bhrosnachadh is a mheudachadh
- 4.1 Gun dèanar ceangal le com-pàirtichean agus gun cuirear ri iomairtean ro-innleachdail nàiseanta agus cruthachadh phoileasaidhean airson na Gàidhlig

ann an roinnean nan ealan, a' chultair is an dualchais

4.2 Gun àrdaichear ìomhaigh agus cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh bhuidhnean is thachartasan air am maoinicheadh leis a' Chomhairle thar na Gàidhealtachd

4.3 Gun leasaichear cothroman do dhaoine òga gus com-pàirt a ghabhail sa Ghàidhlig tro na h-ealain agus na gnìomhachasan cruthachail


6.1 Gun cruthaichear agus gun toirear taic do dh'iomairtean a neartaicheas cleachdadh agus ìomhaigh na Gàidhlig taobh a-staigh leasachadh eaconamach coitcheann agus turasachd chultarail sa Ghàidhealtachd

- 6.2 B' e Fèis Blas 2020 an 16mh fèis agus chaidh a cumail eadar 20–30 Samhain. Coltach ri iomadh tachartas thar na dùthcha, b' fheudar dhan fhèis atharrachadh air sàillibh galar mòr-sgaoilte Covid-19. Ach thug seo cothrom do dh'Fhèisean nan Gàidheal, eagraichean na fèise, Fèis Blas air-loidhne a leasachadh is a chruthachadh. Chaidh seo a lìbhrigeadh thar 10 latha, a' dèanamh feum math de na cothroman a tha an lùib nan teicneòlasan didseatach.
- 6.3 Bha measgachadh de chonsairtean, cèilidhean, bùithtean-obrach is tachartasan eile air an sruthadh beò agus air an clàradh ro làimh. Chaidh cumail gu teann ri astarachadh sòisealta agus bha sàbhailteachd an luchd-ealain is nan cunnradairean teicnigeach fìor chudromach. Seach gun robh na tachartasan air an cumail air-loidhne, bha daoine bho dhùthchannan eile 'an làthair', a' toirt taic do chuid dhen luchd-ealain as tàlantaiche às a' Ghàidhealtachd bho chofhurtachd nan dachannan aca fhèin.

### Prògram Fèis Blas

- 7.1 A' cleachdadh cruth ùr didseatach na fèise, rinn a' Bhuidheann Phrògramachaidh an dìchill prògram làidir a thabhann le amas a bhith a' comharrachadh cànan, ceòl, cultar is dualchas beairteach na Gàidhlig. Bha cuid dhen luchd-ciùil is de na seinneadairean Gàidhlig a b' fheàrr ann an Alba nam pàirt dhen fhèis agus ged nach b' urrainn dhaibh siubhal, bha luchd-ealain às Èirinn agus à Ceap Breatainn cuideachd na lùib. Tha làthaireachd luchd-ealain Cheap Bhreatainn a' daingneachadh nan ceangalan làidir eadar Alba Nuadh agus a' Ghàidhealtachd a tha air am brosnachadh is air an neartachadh tron Mheòrachan Thuigse a tha aig a' Chomhairle le Riaghaltas Roinneil na h-Albainn Nuaidhe.
- 7.2 Shruth an fhèis 23 tachartas thairis air 11 latha. Bha seo a' gabhail a-steach consairtean, cèilidhean anmoch agus òraidean mu dhiofar chuspairean a' buntainn ri cultar na Gàidhlig. Bha 16 bùth-obrach air-loidhne a' còmhach diofar chuspairean a' buntainn ri cultar na Gàidhlig: <https://www.blas.scot/workshops>. Ghabh 219 neach com-pàirt anns na bùithtean-obrach air-loidhne. Chaidh coimisean a thoirt do cheathrar sgrìobhaichean-ciùil fèin-fhastachtaichte gus òrain Ghàidhlig ùra a chruthachadh airson '**Bliadhna nan Cladaichean is nan Uisgeachan 2020**' a chomharrachadh. Gheibhear liosta de chonsairtean [an seo](#) agus de bhùithtean-obrach [an seo](#).
- 7.3 Tha anailis dàta a' sealltainn gun deach coimhead air na tachartasan a bha air an sruthadh còrr is 29,878 turas, bho dhiofar àrd-ùrlaran sna meadhanan. Bha luchd-amhairc ann an grunn àiteachan a leithid Alba, A' Chuimrigh, Sasainn, Stàitean Aonaichte Ameireaga, A' Ghearmailt, Iapan, An Fhraing, Èirinn agus Canada. Bha àireamhan na bu lugha a' sruthadh thachartasan bho Astràilia, An Spàinn, Sealan Nuadh, A' Bheilg, Brasil, an Eadailt, an Danmhairg, an Eilbheis, Argentina, An Òlaind, Nirribhidh, an t-Suain agus Israel.

## Co-roinnean de luchd-èisteachd Blas 2020



- 7.4 Tha MG ALBA, Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig agus Blas a' beachdachadh air cùisean airson an ama ri teachd. Tha MG ALBA air a ràdh gum bu toil leotha cuid de thachartasan Blas a chraoladh air BBC ALBA. Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail chòmhradh leantainneach leotha agus ma thèid aonta a ruigsinn bheir seo àrdachadh a bharrachd air àireamhan luchd-èisteachd.
- 7.5 Gach bliadhna, tha Fèis Blas a' toirt coimisean do neach-ealain gus ceòl no òran ùr a chruthachadh airson a chluiche no a ghabhail aig an fhèis. Thug Buidheann Prògramachaidh Blas 2020 cuireadh do luchd-ealain gus tagraidhean a chur a-steach airson cruinneachadh de cheòl is de dh'òrain Ghàidhlig a dheigheadh a thaisbeanadh le daoine òga gus 'Bliadhna nan Cladaichean is nan Uisgeachan' a chomharrachadh. Às dèidh pròiseas tairgseachaidh fosgailte, chaidh an coimisean a thabhand do neach-ciùil às Inbhir Narann gus pìos a chruthachadh fon ainm 'A' falbh ann am bàta/Leaving in a boat'. Chaidh an fhèis fhosgladh leis a' phìos seo.
- 7.6 Am-bliadhna, chaidh coimisean a thoirt seachad cuideachd do sgrìobhaiche stèidhichte san Eilean Sgitheanach gus sgrìobt a sgrìobhadh airson tachartas le òrain thraidiseanta Ghàidhlig co-cheangailte ri Cladaichean is Uisgeachan. Chaidh an sgrìobt a chleachdadh gus sgeul Eliza innse. Chaidh seo a dhèanamh mar fhilm ag innse sgeulachd Eliza Junor, a bha air a toirt dhan Chananaich le a h-athair a bha na neach-sheilbh phlanntachasan. Às dèidh dhan film a bhith air a shealltainn dhan phoball beò air-loidhne, chaidh cuireadh a thoirt seachad gu bùithtean-obrach beò ann an sgoiltean na Gàidhealtachd air fad far a bheilear a' teagasg tro mheadhan na Gàidhlig no far a bheil a' Ghàidhlig air a teagasg mar chànan a bharrachd.

## 8. Buannachd Cosnaidh/Eaconamach Blas

- 8.1 A rèir Fèisean nan Gàidheal tha tabhartas Chomhairle na Gàidhealtachd a' toirt seachad buannachd ionmhasail dhan Fhèis a tha dà uiread a luach seach gun urrainn do dh'Fhèisean nan Gàidheal a chleachdadh gus maoinachadh co-ionann a tharraing bho bhuidhnean eile.
- 8.2 Aig amannan nas àbhaistich, tha buannachd eaconamach a bharrachd ann ri linn cosg air àiteachan-fuirich, biadh, ceannach agus siubhal co-cheangailte ri bhith a' frithealadh nan tachartasan. Ann a bhith a' tomhas luach seo, tha Fèisean nan Gàidheal air iomadairean a chleachdadh anns a' mheasadh buaidh eaconamach

foirmeil air Blas mar a chleachd Snedden Economics, a chaidh a choimiseanadh le Comhairle na Gàidhealtachd ann an 2007 airson Bliadhna Cultar na Gàidhealtachd. Ann am bliadhna choitcheann, a rèir modh-obrach Snedden Economics, bhiodh fèis le buidseat £134,00 a' cruthachadh £227,000 a bharrachd. Mar sin, bhiodh luach iomlan £361,000 aig a seo dhan eaconamaidh.

8.3 Seach gun deach Blas 2020 a chumail air-loidhne, bha a' bhuidhe eaconamach air a lùghdachadh oir cha deach mòran a chosg air àiteachan-fuirich do luchd-ealain is luchd-èisteachd agus bha cosgais a' buntainn cha mhòr a-mhàin ri ceannach thiogaidean. Ach, chaidh teachd-a-steach a thoirt seachad do dh'àireamh shusbainteach de luchd-ealain, teicneòlaichean, cunnradairan agus luchd-rianachd aig àm a tha air a bhith dùbhlach airson na roinne seo. Bha beagan solair a thaobh àiteachan-fuirich is biadh ann dhaibhsan a bha a' gabhail com-pàirt. Chaidh na meadhanan sòisealta a chleachdadh airson sanasachd.

8.4 Tha Fèisean nan Gàidheal air tuairmse a thoirt seachad gun robh buaidh eaconamach luach £250,000 aig Blas 2020. Bha seo a' gabhail a-steach:

- Cosnadh do 125 neach-ciùil;
- Cosnadh do 11 oide bùth-obrach;
- Cosnadh do 13 neach fèin-fhastach a' toirt seachad eòlas teicnigeach (togail bhidiothan, soillseachadh, fuaim agus seirbheisean sruthaidh);
- Com-pàirteachas co-òrdanaiche pàirt-ùine;
- Com-pàirteachas cunnradair Dàimh Phoblaich/Meadhanan Sòisealta pàirt-ùine;
- Teachd-a-steach airson grunn aitreabhan, solaraichean àite-fuirich agus àiteachan-bìdh air feadh na Gàidhealtachd;
- Tachartasan le luchd-ciùil bho Cheap Breatainn agus às Èirinn;
- Buidhe teachd-a-steach bho Alba Chruthachail, Bòrd na Gàidhlig agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean;
- Obrachadh com-pàirteach le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, VisitAlba, Eden Court, Fèis Thallachan Beaga SEALL agus Disathairne Fèill Naoimh Anndra.

## 9. Àrd-ùrlaran Air-loidhne Blas

9.1 Chaidh na prìomh thachartasan pàighte a libhrigeadh tron àrd-ùrlar thiogaidean is sruthaidh The Ticket Fairy. Chaidh Facebook LIVE agus Zoom a chleachdadh cuideachd gus raon thaisbeanaidhean dràma, cèilidhean, seiseanan is bùithtean-obrach a libhrigeadh. Chaidh YouTube a chleachdadh mar roghainn do dhaoine a bha air tiogaidean a cheannach ach nach b' urrainn tachartasan a choimhead beò air sgàth eadar-dhealachaidhean san uair eadar an Rìoghachd Aonaichte agus na dùthchannan aca fhèin.

9.2 Bha susbaint Facebook LIVE air fad agus am Prògram Foghlaim an-asgaidh. Bha na tiogaidean aig prìs reusanta agus na sruthan beò a bha air an reic a' cosg £8. Bha cead airson na fèise air fad a' cosg £50 agus bha seo a' leigeil le daoine na tachartasan air fad a choimhead. Dh'fhaodadh a h-uile duine am broinn an taighe na tachartasan fhaicinn aig na prìsean seo. Bha tiogaidean an-asgaidh air an tabhann do dhaoine òga a bha a' gabhail com-pàirt ann an tachartasan Blas.

Cliogaibh an seo gus na meadhanan fhaicinn: [Facebook](#), [Twitter](#) agus [Instagram](#).

## 10. Staitistearachd Blas agus Fios Air Ais bhon Luchd-èisteachd

10.1 Tha na clàran a leanas a' sealltainn staitistearachd airson Fèis Blas 2020, luachadh luchd-èisteachd agus taghadh de bheachdan.

Daoine a' Gabhail Com-pàirt	Àireamh
Luchd-obrach	12
Saor-thoilich	2
Cunnradairean	15
Luchd-ealain	125
Tiogaidean is ceadan air an reic	3,867
Luchd-èisteachd a chaidh a ruigsinn	55,553
Oidean	11
<b>Iomlan</b>	<b>59,585</b>

Riarachas Luchd-èisteachd	Luachadh
Luach an Airgid	91%
Tlachd bhon tachartas	90%
Cleachdadh na Gàidhlig	86%
<b>Luachadh Riarachais Iomlain</b>	<b>89%</b>

### Beachdan a Fhuair

- *'Uile gu lèir, b' e prògram sàr-mhath a bh' ann a dh'aindeoin an t-suidheachaidh. Tha e nas fheàrr a bhith beò ach feumaidh sinn uile gabhail ris aig an àm seo. Is math a rinn sibh agus taing dhan a h-uile duine a bha na lùib.'*
- *'Chòrd a h-uile mionaid dhen taisbeanadh chlaisneach is bhidio àrd-inbhe seo rium. Is math a rinn a h-uile duine.'*
- *'Chòrd an taisbeanadh glan rium. Cho toilichte gun deach agaibh air freagairt air an t-suidheachadh agus a dhol air adhart leis an fhèis.'*
- *'B' e tachartas sgoinneil a bh' ann. 'S e buannachd na fèise air-loidhne gun urrainn do dhaoine thall thairis com-pàirt a ghabhail anns na consairtean agus na bùithtean-obrach. Bha a' bhùth-obrach phiobaireachd sònraichte math! Tapadh leibh gu dearbh airson sin.'*

Ainmeachadh: Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 3 Gearran 2021

Ùghdar: Mòrag Anna NicLeòid Mitchell

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: neo-bhuntainneach